




Tha do charaid ag
iarraidh ort cunntas
Facebook fhaighinn.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?


iomradh profile

Tha duilleag a' nochdadh
air làrach-lìn a tha ag
ràdh gun do bhuannaich
thu duais agus ag
iarraidh ort cliogadh air.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

brath *message*




Feumaidh tu £5 sa
mhìos a phàigheadh
airson a dhol air làrach
sgoinneil. Tha fios agad
far a bheil cairt-banca
d' athar.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

ceangalachan attachment






Feumaidh tu foirm a
lìonadh le fiosrachadh
pearsanta gus a dhol
air làrach-lìn le tòrr
gheamannan sgoinneil.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?


làrach-lìn *website*



Tha thu a' bruidhinn ri
cuideigin air-loidhne
nuair a dh'iarras iad
ort an camara-lìn a
chur air.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?


sgudal-d
spam



Tha thu air post-d
fhaighinn bho
chuideigin nach
aithne dhut.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

facal-faire password




Chuir cuideigin
bhon sgoil agad
teachdaireachd
mhosach thugad
air-loidhne.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

bann-leathann

broadband




Tha do charaid an dùil
coinneachadh ri
cuideigin nach aithne
dhaibh ris an robh iad
a' cur theacsaichean.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

nochdan

pop-up




Tha thu air a dhol air
làrach a tha ag iarraidh
dealbh iomraidh.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

snàithlean

thread




Chunnaic thu rudeigin
air-loidhne a chuir thu
troimh-a-chèile.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

menu teàrnach

dropdown menu




Tha caraid air-loidhne ris
nach do choinnich thu
a' faighneachd càit a
bheil thu a' fuireach
agus dè an sgoil dha
bheil thu a' dol.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

Eadar-lìon

Internet






Tha cuideigin ris an
do choinnich thu
air-loidhne airson
bruidhinn riut air
a' fòn.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

luchdaich a-nuas

download






Tha cuideigin air teacsa
mì-mhodhail a chur
thugad a tha gad
fhàgail mì-chofhurtail.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?


luchdaich suas upload



Tha thu air teacsa
fhaighinn bho
shrainnsear.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

gun ueir wireless




Tha grunnan dhaoine
air a bhith ag ràdh
rudan grànda mud
dheidhinn air-loidhne.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

ìomhaigh *image*




Tha caraid a rinn thu
air-loidhne ag iarraidh
ort dealbh dhìot fhèin
a chur thuige.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

còmhradh

discussion






Tha cuideigin bhon
sgoil agad air teacsa
mosach a chur
thugad.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

lorg search




Tha caraid air iarraidh
ort dealbh mì-iomchaidh
dhìot fhèin a chur thuca.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

nuadhaich
refresh




Tha cuideigin air nach
eil thu ro eòlach air
àireamh d' fhòn-làimhe
iarraidh.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

air-loidhne online






Tha caraid dhut a' cur
theacsaichean agus
a' fònadh gu cuideigin
nach aithne dhaibh.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

ceangal link






Tha thu air d' fhòn
a chall.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

criomag

cookie




Chruthaich cuideigin
iomradh fuadain mud
dheidhinn air làrach-lìn.
Tha beachdan mosach
agus dealbhan grànda
ann.



Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

brobhsair browser





Tha cuideigin air dealbh
a chur thugad a tha air
do chur troimh-a-chèile.

Dè bu chòir dhut a dhèanamh?

ùraich update

